


b. e.

H. M. 158.











CUIMHNEACHAN

AIR

AODHAIREAN MŌRA

BHA LEOGHAS;

AGUS AIR FEAR-TEAGAISG DILEAS,

BHA SOAI AN EILEAN SGIATHANAICH.

---

INVERNESS:  
PRINTED AT THE "NORTHERN CHRONICLE" OFFICE.

1881





*Learn's Worthies*

CUIMHNEACHAN

*Pastors*

AIR

AODHAIREAN MŌRA

BHA LEOGHAS;

AGUS AIR FEAR-TEAGAISG DILEAS,

BHA SOAI AN EILEAN SGIATHANAICH.

---

INVERNESS:

PRINTED AT THE "NORTHERN CHRONICLE" OFFICE.

1881



LAURISTON CASTLE  
LIBRARY ACCESSION

## ROIMHRADH.

---

Chaidh na roinn a leannas 'n cuir ri cheile an àit aonaranach, iomallach, do Eilean Mhuile. Sanna A smaoinachadh air cuid àraidh thugadh dachaidh, bha nan cainnt 's nan caithebeatha taitneach air thalamh, thoisich an tughdar cuir sios dha fein beagan dhe'n cliu. Cha robh suil sam bith aige san àm sin an cuir an clo : ach thachair do chairdean fheorach dheth, cìamar chaith e an uine bha e san eilean ud, dha'n dhaitbris e beagan roinn ; mhol iadsan air ball an clo-bhualadh agus gum biodh mōrau toilichte am faoitainn. Tha dluth ri ceathar bliadhna o' chaidh iad cruinn, mar so cha robh cabhag sam bith air an toirt a mach gus an robh e air a chuir h'uiige le cuid shaoil gum b'airidh iad an toirt seachad. Tha iad uile mar aon dhān leanntuinn a cheile ann an co-ionnan ranntachd, oir chaidh an deanamh aig an aon àm agus mar fo bhuidh na h'aon bhairdeachd. Tha aireamh eile do dhaoine fiughail bha Leoghas air an cliu thoirt an roinn mar so—agus ma bhithear air an son a rithist, gheibhear iad chuid sa chuid.

“Air chuimhne gu brath bithidh am firean.”

LE LEOGHASACH.



## AN T'URRAMACH Mr. ALASDAIR M'LEOID,

BHAN UIGE—LEOGHAS.

'N trà bha mi ãnn an smūaintinn,  
Ma chuid, a chual 'sa chunnaic mi,  
Rinn Dia nan dūll, na thruas dhuinn,  
Chuir le bùaidh dha'r teagaisg ne :

Se rinn dhuinn a fabhar,  
Na thuar sinn dhe na curaidhean,  
Na teachdairean, cho buadhach,  
Sa chuala sluagh na cruinne so.

Is ann bhi deanamh iomraidh  
Air nì, tha cho ūrramach,  
Bu mhath dhuinn bhi g'iarraidh  
E fein bhi dha'r cuideachadh.

'S mor tha rì innseadh  
Ma'n eilean chuan, 's na rugadh sinn ;  
Nithibh tha mōr, da rìreadh,  
Sa bhios a chaoidh nan iongantas :—

Oir ann an laithibh dorcha,  
Chaidh an fhirinn chuir thugainn ann,  
Le ãodhairean thog Dia dhuinn,  
Sa bha, gu dian, dha'r n'oid eachadh.

Tha comainean cho mōr oirnn,  
'S gu bheil e, an comhnaidh, dligheach dhuinn  
Bhi ri cumail cuimhne  
Air meud is gloir na nithibh ud.

Oir chuir e iomadh ãodhair  
Dha'r tir, tha gle iomallach :  
Gu sluagh, bha gun luaidh ac  
Air Dia na truaighe bhithbhuinta.

Ach thainig latha gràsmhōr  
Air sluagh, bha mar fhinneachibh ;  
Is dh'èirich solus āghmhōr  
Air moran, bha gun sirreadh air.

Cha'n aithne dhōmhsa, o'n ghreine,  
 Cearnaidh, chaidh fhiosrachadh,  
 Fhuar a leithid do bhuannachd,  
 O' sheilbh 's o bhuaidh na sochairean.

Is bheir mi oidhirp luaidh orr',  
 Ma fheadhain āraidh āca-san,  
 Bha na meadhonaibh mōra  
 Ri iompachadh na'm peacaichibh.

'S cha ne sin a mhàin e,  
 Ach bha g'arachadh na h'aiteam ud,  
 Thugadh beo, le grās ānn,  
 'S bha g'iarreadh tuilleadh beathaichidh.

Cha'd fhūaras beannachd riamh ann,  
 An coimeas ri fìor theachdaire,  
 Do shluagh tha cuir feum  
 Air beath o Dhia, bhi āca dhoibh.

'Se cheud neach, bha 'n Leòghas,  
 Dhaidich Dia a theachdaireachd,  
 Maighstir Mac Leoid mōr sin  
 Le soisgeul Chrìosd bha aithnichte.

Bha esan, gu ro āraidh,  
 Air cliu Chrìosd carumach ;  
 Na bhreith na bheath 's na bhas dhuinn,  
 Air son gn brāch bhi maille ris.

Bu chùbhraidh bhiodh a sgeùl aig,  
 Air cliù Chrìosd na fhulangas  
 Is ann na umhlachd, ghniomhach,  
 Gu sior air son a phoibhilsan,

Bu tric bha e driuteach  
 Air cliu Chrìosd na fhùlangas ;  
 An àite a shluaigh fein, e  
 Na dhoirt fhuil luāchmhor iongantach.

Bu mhilis, a bhi g'eisdeachd,  
 Fuaim bhinn an t'soisgeul aig :—  
 Nur bhiodh e air a ghleusadh  
 Na anam fein, gu mholadh dhoibh.

Bha ghuth binn is buadhach,  
 Sa gluasad nan cridheachan,  
 Bu mhō bhiodh fo chrùas ann,  
 Nur chluinntte fuaim an t'siosgeulleo.

Be an teachdaire feumail,  
 Chum eighach ris na seachranaich,  
 Gu Criosda, fìor bhùachaile,  
 Na thruas air tighinn faisg oirre.

'S nach robh h'aon dh'eisdeadh,  
 Le ghùth o'neamh labhairt riu,  
 Nach gabhadh h'uige fein iad :—  
 'S gun deanadh gu rè am beathachadh.

Is iomadh neach thuaras,  
 Na thruaghan, tighinn dachaidh dhuibh ;  
 Chum bhì air a fuasgladh  
 O'n truaighean 's o'seachranaibh,

Bha e na àodhar ionmhuinn,  
 An gairm steach na seachranaich,  
 Dhionnsuidh crò Chriosda ;  
 Air son dìon is biadh gu faigheadh iad.

Mar so, bu mheadhon àraidh,  
 Rinn Dia nan gràs bheannachadh  
 Do mhòran, ànns a chearn ud,  
 Bha fad dhe là làn àineolas.

Ach nuair be toil an Ard Rìgh,  
 An t'aodhair gràidh so thabhairt doibh,  
 Bha gach ceò 's gach sgàile,  
 Bh'air na sloigh so, sgapadh dhuibh.

Dha'n soillseachadh o'n airde,  
 Le fhacal gràis chuir dachaidh thuc ;  
 Rì an cridheachan dha chàradh,  
 'S na firinnean gabhail riu.

Sa sheirbhaiseach, ro dhileas,  
 Ginnseadh mar ghabhta riu  
 Le Dia, na thruas ga saoradh  
 Gach aon dhiu, dhiarradh mathanas.

'S ann an Criosd, chàomh Mhac,  
 Dhaodadh iad tighinn faguig air ;  
 'S gu faighadh uaithsan saoirsinn,  
 As naomhachd, air son fhìlathshonas.

Bha, mar an ceudna, mòr speis aig  
 Do phobul Dhe, dha 'n oidachadh,  
 Teagaisg dhoibh, cho feumail,  
 'S bha beath cheutach chaitheabh leo ;—

'S le caithebeath suairce,  
 Agus stuama nan cleachdannan,  
 Measg nan sluagh man cuairt diubh,  
 Le bùaidh nan deadh eiseamplair ;

Maiseachadh, gu laithail,  
 Aobhar Chrìosda dhaideich iad ;  
 'S gum biodh e fein air àirdeach'  
 Le chàirdean, mar b'airidh e :—

Glusad, cho fìor uasal,  
 Nan cuairt, air an talamh so,  
 'S gum biodh each gràitinn,  
 Gur sluagh an aigh 's nam beannachd iad ;—

Bhios gu bràch 's na h'airdaibh,  
 Compairteachadh dhe'n shonas ud,  
 Nach caochal is nach tràigh dhoibh,  
 A lanachd gràidh na fhlatshonas.

So shoirbheichadh, gun ghò, leis  
 Na naoi bliadhna deug dhan e ann,  
 Air iomadh sean is òg dhiubh,  
 Bhios an glòir na maise dha :

Is bidh a chliu an Uig ãc,  
 Gu muirneach aig na baithneadh e,  
 'S cha teid ainm air dhi-chuimhn,  
 Fhad bhios aon a maireann dhuibh.

Is rinneadh feum mhòr leis  
 Na h'oganaich thug dachaidh e,  
 Bho an gu am, dha'n duthaich  
 Chum obair Dhe gun cinneichadh.

Bha sin, gu soillear ciatach,  
 Aobhair Chrìosd na airesan,  
 Gan tional as gach cearnaidh,  
 Na daoine b'fhearr b'aithne dha :

Is dh'aideichadh le Dia iad,  
 Mar sheirbhaiseich bha airidh air ;  
 'S tha 'n chìusan cuideachd cubhraidh,  
 Anns gach cúis is cúirs ruitheadh leo.

Ach d'fhalbh an teachdair fughails',  
 A sgrì Uig, an deigh an dealaichidh  
 Dhàg iomadh cridhe tuirseach,  
 Bha cho dlu air ceangail ris.



Is moran eile san duthaich,  
Bha na cheann-iuil 's na bheannachd dhoibh  
Fhuair uaith math, na chuirsa,  
Sa dhuirigeadh a leantuinn àisid.

Ach bha aige-san ri giulan  
'Naigheachd chubhraidh, mhathasach,  
Anns gach duthaich' robh churam,  
Measg na sluagh dha'm bheannachd e.

## AN T'URRAMACH Mghr. FIUNLASTAN.

Is thainig gu ar tir-ne  
 Minisdear iùlmhor maiseachail ;  
 Be sin maighstir Fiunlastan,  
 An criosduidh cùbhraidh tairiseach.

Besan an teachdair gāolach,  
 Air gach tāobh an rachadh e ;  
 Bha na nadur fāoltach,  
 Is maise nāomh dha sgeudachadh.

Be am fiùran fiōrghlan  
 Sa chūbaid, nur sheasadh e,  
 'Ceann na hūirnigh dhriùtich  
 Bhiodh aig, mar iùl-fhear tagráidh dhoibh.

Bha e na inntinn neamhaidh,  
 As driùchd nan grās ri fhaicinn air ;  
 S'cho beag do aobhar diūmaidh  
 Ri neach riamh a labhair ruinn.

Rinn an Tighearna a laithaibh  
 Fhàgail ann san earrain ud ;  
 Rē chuig bliadhna fichead sāothrach,  
 Na fhiōn-lios anns na lochannan.

'Sbha shaothair bādach ;  
 Sa spiorad ūasal g'oibreachadh  
 Measg na slūagh, air chuairt léis,  
 Air sabáid s' laithibh seachduinnean.

Bha cuideachd bhreagha do bhràithrean  
 Ri faicinn anns an eaglais,  
 Tiomchuil air a chūbaid.  
 Nur bhiodh, gu h'árd, e teagaisg dhoibh.

Bha iad sin ro fheùmail,  
 Nan àite fein, gu tagradh ann,  
 Gum biodh an driùchd o'shūas  
 A tighinn nūas le theachdaireachd.

Is bha e soillear ùairibh,  
 Gu robh bhuidh leantuinn leis :  
 'S gu faichte cuid san làrach,  
 Mar dhriùchd bhà na maduinn orr'.

Oir bha chainnt cho cùbhraidh,  
 Sa druighadh air na cridheachan ;  
 Mar dhealt an t'samhruidh ùrail,  
 Luidh air fliùr as luibheanman.

Is e an teagaisg ghnàthaichte,  
 Bhitheadh e toirt seachad dhoibh,  
 Beatha fhior, on àirde,  
 Chum araich agus neartaicheadh.

Be Crìosd, na bheath s'na bhàs-san,  
 An t'àrach blà bhiodh aige dhoibh,  
 Do uain is do chàoirich Chrìosda,  
 Gu dàonnan air son beatheichidh.

S'be fein am buachail càomhail,  
 Sior thoirt an aire dhoibh,  
 Nach biodh h'aon ri faotinn,  
 Le caoile air an anam-san.

Oir dfheuchadh e, gu lathail,  
 Mas fhaòdadh aòn neach bhi ann,  
 D'fheumadh bhi air arach  
 Le bainne fiorghlan fhacalsan.

Is shillidh theagaisg neimhaidh  
 Mar mhìn uisg air na machraichean ;  
 S'na creutarean, bu truaighe,  
 Dh'fhaighadh fuasgladh na faireachduin

Sbha tàlant 'aig, bha feumail  
 Gu mineachadh nan cosmhalachd ;  
 'S gun coisneadh e, gu rianail,  
 A sluagh bu duirche breithneachadh.

Shoillearaichadh, cho breagha,  
 Gach aon, gu brìghmhor, taitneachail,  
 Do shamhlaichean Fear Saoraidh,  
 'S gu faodadh iad an gabhail uaith.

Labhradh e, cho nadurra,  
 Air nithibh, timail, fassunta,  
 'S gum biodh an sluagh dha eisdeachd,  
 Le iognadh mòr is taitneachas :

Cho math, sa baithne dhasan,  
 Cuisean àraidh labhairt orr,  
 'S cho beag bha e sealltuinn,  
 Ri' nithibh tìm air talamh sa.

Oir bha inntinns' ghnath aig  
 Shuas air sliabh cruth-atharaich,  
 'S gann bhiodh air fhaotinn  
 Tighinn nuas o'n t'sealladh ud.

Is fiòr thuirt aon neach àraidh,  
 Bha gun tàmh na fhaguisgeachd,  
 Gum be fear cho neàmhaidh,  
 Sa bhann o linn nan abstuilibh.

Nur labhradh e ri daoinaibh,  
 Bhiodh ghnùis lasadh aig ;  
 O'n bha e ri sior smaointinn,  
 Sa chridhe faomta ri flathshonas.

Toirt gu tric an cuimhne  
 Maois tighinn on t'sealladh sin,  
 Bhaige leis an Tighearna,  
 Air a bheinn gu h'ard labhart ris :

Oir cha robh ni san t'saoghals'  
 Tògail uaith aire-san ;  
 Sann bha chridhe, dáonnan,  
 Suidhichte shuas air flathshonas.

'S bha aon ni, gu h'araidh,  
 Bhair a ghràitinn uime-san,  
 Nach gabh bhi air aicheadh,  
 Mar fhirinn bha rō aithnichte :—

Nach do rinn, le nadur,  
 Aon namhuid riamh na bheathanas.  
 Sann dheanadh e, le bhàigheachd,  
 Na h'uile sgach àit an ceangal, ris.

Bha sean is òg air gràdhach,  
 Ge be àit san tàchradh ris ;  
 'S cha baithne dhuinn, nan latha-ne,  
 Aon gràineach na neomheàsal air.

San bha e ac cho muirneach,  
 Snach eil an duil a leithid-san  
 Fhaicinn leo, san duthaich,  
 Rè fad an cùirs' as mairean iad.

Se sin mar àon cho naomha  
'S cho gàolach, am beatha ris,  
Sgu robh air maise is faolteachd,  
Gach taobh is tir an deachaidh e.

'S nuair bha e fagail  
An àit, bha an ceangal ris,  
Bha iomadh cridhe brònach,  
Snach gabhadh sòlas thabhart doibh.

## AN T'URRAMACH PADRUIG MACLIAIN,

## STOIRNOBHAGH.

Tha àon, bha rō chliūteach  
 San dūthaich dham buinneadh e,  
 Sa bha, gach ām na chūirsa,  
 Gu fiūghail ānns na h'uile h'āit.

Se Mr Padruig treubhach,  
 Bha feumail fhad sa shiubhal e.  
 Chaidh a null h'air cuaintibh,  
 Sa luaidh le buaidh am fācal dōibh,

Bha e na fhianuis ēudmhōr,  
 Is gleus chum feum air ānamsan ;  
 'Schad fhōsgail bhēul an āit e,  
 Nach bidh gu bràth iad labhart air.

Oir dhaideichadh a shaothair,  
 Sna h'uile taobh an deachaidh e,  
 An America bho Thuath,  
 Measg cheudan sluaigh Chape Bretoni.

Ach thainig as a chearn sin,  
 Nur bha shlainte bagarach  
 Air brisidh sios, gu luath ann,  
 Bha bhuidh shaothair chorporra.

Oir bha obair aig an Tighearna  
 Ri dheanamh leis, sa bhaile sin,  
 Tha cuimhneachadh ghnath  
 Air a bhuidh bha le theachdaireachd.

Bha e dusan bliadhna  
 An Tobairmhuire, mar theachdaire :  
 San sin is'troimh an duthaich,  
 Rinn Dia gu mor e aideachadh.

Ach fhuair e cuireadh dirēach  
 Don tir anns na rugadh e,  
 Bho sluaigh bāile Stoirnabhaigh,  
 San robh fadheōidh e suidhaichte.

Besan an t'Àodhair dileas,  
 Leis an fhirinn air a chrìoslachadh,  
 Mar le claidheamh da fhaobhar,  
 Chum sgrùdadh dian nan cridheachan.

Se an aon bu dilse,  
 Chual mi, de na h'uille dhiubh ;  
 Labhart o'n an fhirinn  
 Sior inns' do shluagh an cunnartan.

Bha e chō fìor bhuadhach  
 Le fuaim air lagh 's air soisgeul aig,  
 Sgun robh gach cridhe gluasad,  
 Leis bhuaidh bhiodh na fhocalaibh.

Sgānn chūnnacas leamsa,  
 Leis bhuaidh bha na theagaisgaibh,  
 Nach biodh cuid dhēn t'sluagh  
 Air an gluasad suas gu faireachadh

Bha chorp is anam, cōmhlath,  
 Gu mōr leis air an oibreachadh,  
 An seirbhais ghlormhor Chrìosda,  
 Dhan tug gu leir e spionuadhsan.

Nur chithins' an durachd  
 Bha na chrē, cleachdadh leis,  
 As braonaibh falais taomadh,  
 Gun tamh, o eudan tlachdmhorsan.

Dhùraicinn, san uair sin,  
 Gum tugain uaith earruin dheth,  
 Chum nach biodh cho trōm  
 Air a phearsa mhōr is mhaiseanta.

Ach bhriseadh ise sìos leis  
 Le meud a shaothair thabhannaich ;  
 Giarruidh anama' dhaoinaibh,  
 Na faodadh e rin teiseirginn.

Cha neil mise duileach  
 Gun cluinn ri'm, chairs, shamhhuil-san,  
 Bha cho mòr a deanamh  
 Do stri, gu Crìosd gun teichamaid.

Is rinneadh obair mhōr leis,  
 Gu cinnteach, nar'n eilean-ne ;  
 Nach gabh bhì air innseadh  
 Gu latha mōr a bhreitheanais :—

Sann an sin, da rìreadh,  
 Bhios cunntas air na thilleadh leis  
 Bho shlighe mhòr na leir sgrìos,  
 Chum dìon an Crìosd gu faigheadh iad.

Cha ghabh bhi air innseadh,  
 Na fhàoidta ràdh ma dheighinn-san ;  
 Ach se an àon àodhair  
 Bu dìleas riamh baithne dhuinn.

Se an fhianuis rìreamh,  
 Ma fàidta ri ghraitinn e,  
 Bu dìleas as' b'fhìrinnich,  
 Sheas nam la an craunnaigibh.

Chan fhaca mi, nam dhuthaich,  
 Urrad riamh do bheòthachadh,—  
 G'eisdeachd facal Dhe innt'—  
 Sa bhànn n'tra bha e labhart ruinn.

Biòngantach cho bùadhach,  
 Sa bhìodh e'n ceann an fhacaìl dhuinn ;  
 'S gu àraidh air an t'sàbaid,  
 As deigh buird a chomunaich.

Bu toilinntineach, ri chluinntinn,  
 Air sgeul bhinn an t'soisgeul e :  
 Labhart ris an aireamh,  
 Phairteich dhe na sòchairean ;

Iad bhi nan gluasad,  
 Gu h'uasal mar dhaidich iad,  
 Bhi air taobh Chrìosda,  
 Na fianuisean gu maiseachail ;

Le caithebeatha ciatach,  
 'S le ciall anns na labhradh iad ;  
 'S gu faichte le each sin  
 Bhìodh gun tamh toirt aire dhoibh.

Ach thigeadh e san dùnadh,  
 Gu durachdach ri labhairt riu ;  
 Mhuinntir bha gun churam  
 'S nach do dhusgadh nan coguisean.

'S bhitheadh e, an tra sin,  
 Sas gu ro chathrumach,  
 Seirm o bheinn Shìnai  
 Lagh theinnteach le cuid bhagraidhean :



Is bhithheadh, ànns gach am ann,  
 Cuideigin air an cabhagachadh  
 Gu eìgheach mach, mar dhfheumta,  
 Air son fiòr Leigh an anama ;

Is bheireadh e, an lathair,  
 Criosd, le mhòr bheannachdan,  
 As esan mar am firean  
 Chum saoradh chaoidh nan ceannaircich :

Iad thighinn, ged bu truaighe  
 Air an uallachadh le'm peacaidhibh,  
 'S gum faigheadh iadsan còir  
 Am fuil Chrìosd chum an glanadh innt :

'S fhuaras, mar sin, mòran  
 Air an gluasad o'n trom eallaichibh ;  
 Gu teicha' dhionnsuidh Chrìosda,  
 Air son saors' is dìon thabhart daibh.

Bu bheannachd mhòr, 's na tìrìbh  
 Dhan tug Dia e treis mar theagaisgear,  
 Bha buadhach rianh san fhirinn,  
 Sa spiorad naomh g'oibreach leis.

Bu chuimseach e sgach trà dhiubh,  
 Nur bhiodh e an ceann an fhacal doibh ;  
 Le uile chomhairle Dhe san  
 Chuir gu eudmhor dachaidh thuc :

'S bha toradh mòr a shaothrach  
 Ra faotinn, 's na h'uile àit ;  
 'S na tìrìbh fada thall sin,  
 Sam bidh cuimhne bhuan is urram air.

'S bidh cuimhne an teachdair aill'se,  
 Gu h'àraidh aig a dhachaidh-san,  
 San fhuar an tūs e àrach,  
 San, robh, le gràs air atharachadh.

Thug Dia dha spiorad eudmhor,  
 Chuir air ghleus 's air obair e ;  
 Chum da sheirbhais Speisail,  
 Gun tugadh gu leir a chomasan

'S bha, fadheòigh, air ghleusadh,  
 Le fhoghlum, chum na ministrealachd ;  
 As gràsan beo o neamh aig  
 Chum feum is rian na theagaisgibh.

Bu shoillear gu robh Dia leis,  
 Bho'n cheud la choinnich, ris ;—  
 Gu bhi na fhianuis fheumail,  
 Seirm le eifeachd fhàcal-san :—

Oir cha do sguir fhior eudsan,  
 Cuir an cèil am bagraidhean,  
 Do pheacaich ann an leir sgrìos,  
 Mar teicht gu Crìosd le cabhaig iad.

Bha chridhe laist gach-la, aig  
 Gu tearnadh o'n a'lasraichean  
 Na truaghainnean bu shuaimhneich,  
 Ann a staid chrúais san aineolais.

Is bhiodh gu dluth sas riu,  
 Chum dusgadh as a chadal sin,  
 Mas fhosgladh iad an sùilean  
 An taobh thall do dhuil ri leasachadh.

Lean an t'euds ri bheò ann,  
 Rinn cho mòr na bheannachd e,  
 Do iomadh sean is òg dhiubh,  
 Bhios nan crùn gloir is maise dha.

'S cha neil h'aon chual e  
 Nach bidh air luaidh theachdaireachd ;  
 Cho dileas is cho buadhach  
 Sa dhinnseadh truaigh as sònas doibh.

# MARBHRANN AIR Mr DONNCHA M'GRIGAIR,

A BHA AG IONNSACHADH A BHITH NA MHNISTEAR.

*Bha e car tìm na Fhear-teagasg àm an Soai San Eilean Sgiath-  
anach. Fhuair e am bàs am mìos Ianuarai, 1870.*

Is mithich dhomhs' bhith g'iomradh  
Air cliù an òigfhear ionmhuinn  
Bha iomraiteach sna crìochain  
San do chuir Dia shaothrach obair e ;

'S bho b'aithne dhomhs o thùs thu  
Bu tu an gaisgeach fiùrant  
Air tàobh cliù d'Fhear-Sàoraidh  
Ga innseadh do na peacaichibh :

'S nuair fhuair thu an cuireadh dìreach,  
Do'n tìr thìghinn theagasg innt,  
Dh'iomradh thu na d'imeachd  
A Sgéul mhór do bheannachdain,

'S cho luath sa ràinig tìr,  
Anns an duthaich an robh gu tuinneachadh,  
Chuir fios mach gun dàil thu  
An sluagh gu léir a chruinneachadh,

'Se am fios a chuir thu uata  
Gu d'fhàinig oigfhear turusach,  
Agus naigheachd aig ri luaidh dhaibh  
Seadh briathrain buadhach, cudromach,

Air d'ághaidh chaidh san dòigh sin,  
Na do chùrsa dh'ionusuidh Shōai  
A seirm do shluagh an comhuidh  
A sgeùl tha luachmhor, iongantach.

Fadhedidh fhuar nùll thu  
Do'n Eilean chùan dh'fhuireach ann ;  
San latha sin fèin chaidh fuaim bhuat  
An sluagh gun cluimeadh teachdarachd ;



Iad a thìghinn le cluas éisdeachd  
 'S gun làbhradh tu am facal riutha,  
 'S gun gabhadh iad Fear-Sáoraidh  
 Sa chaoidh gum bitheadh iad muilleach aig.

Do thriall san Eilean Iar sin,  
 Bu leth bhliadhna a thuinneachaidh,  
 As bhēannaich Dia do bhriathrain  
 Air latha āraidh Comanaich.

Chaidh inns' do'n Aoidhear shuairce  
 Gun robh do leithid sa chothional,  
 Gun tigeadh dhasan gáirm ort  
 As gun labhradh tu ri'n comhluadar.

'S ged bha thu na d'fhior oigfhear  
 Bha tàbhachdach, -deas-fhaclach,  
 Bha t'fhein-āicheadh dòigheal,  
 As rianh cha d'iarradh urram leat.

As bha anns an dearbh lārach,  
 Ni a dheanadh aithnichte,  
 Dithist fluair stāth dhiot  
 'S bha mach bho'n lātha sin caithriseach.

Ach d'fāg thu āit do thamhachd  
 Ro ghearr do'n t-sluagh chuir aithneadh ort,  
 'S bha ionndrainn 's caoidh ri linn ac  
 Gu brath nach gabh e labhairt leo

Oir dh'orduich Dia do shaothair  
 Bhith an āit gu mór a dh'agradh i ;  
 'S do chiadain sluaigh do luaidh thu  
 A naigheachd ghlòirmhoir mhaireannach ;

'Se Kinning Park, an trá sin,  
 Air taobh thall anhuinn Ghlascho,  
 An āit an robh, gu h'araidh  
 Do shaothair Ghraidh ro aithnichte.

Nad a mhissonari dileas  
 Ginnseadh, gu ro chārumach,  
 Do shean is ōg, o'n fhirinn,  
 Mar dfhaodhadh iad bhi matheasach.

Bha mi lathair, aon oidheh',  
 Nur bha e riu gu dealachadh,  
 As ghabh e facal direach,  
 Bha firinneach san t'sealladh ud.

Is theagaisg e, le eiffeachd,  
 An fhìrinn chinnteach chaismeachail ;  
 Bhì air uile chonhairle Dhe-san  
 Chur an ceil, gu farsuinn doibh.

Nach do chleith riamh e fein orr  
 Aon nì air bith, baithne dha,  
 O fhacal Dhe, dha leughadh  
 'S dha sheirm, gu treubhach tabhairteach.

Mar sin gu robh e faoitinn  
 Bhì saor, o fhuil nan ùile dhiu,  
 Sa fagail âc, san tim ud,  
 An fhianius fhior bha cudthromach.

Mar biodh iadsan air am faoitinn  
 An Criosd, an dìon s'na-h'uile dhoibh,  
 Gun caoidheadh iad ri sàoghal,  
 Cho beag sa rinn do bhuileachadh.

'S cho tric s' chual an clùasan,  
 Sa thuair iad o'n a sgrìobtaran,  
 An teagaisg fhior is lúachmhor,  
 Chuir iad gu truagh an neo-shuim i.

Bha freagrach s' gach uair dhoibh  
 Nam be 's gun thūaras ullamh iad ;  
 Chum gabhail ri le luathas,  
 'S nach cuirte suarach tuilleadh i.

'S gach aon rinn, nan cuairtsan,  
 An soisguil luachmhor thilleadh uath,  
 Gun caoidheadh iad an truaighe,  
 Troi' àillaibh bñan na bith bhuantachd.

Agus fhuair mi, air chìnnt, do chainntse,  
 Dhaibh sud, gu mór, gun do bhēannaichadh,  
 Do shean as do dh'òg an àireamh,  
 Nach sguir gu brath dh'aithris ort.

Cha robh ach uine ghearr thu  
 Air d'fhagail air an tàlamh so,—  
 Oir soillear s' leoir bha d'fhás-sa  
 Airson an áros bhēannaichte

Chan fhaca mi nam látha-sa  
 Neach le pairtean maiseachail,  
 Nad chainnt, ad chéum, as nad chárámh,  
 Cho snasmhor, béusach, as faireachail.

Chan urrainn mi gach nì dhiubh  
 A luaidh gu leir, chan amais mi--  
 Bha do bhuidhean mór cho ciatach,  
 'S nach fhaigh mi cliu an aithris òrr.

Cha robh a h-aon do dháoinibh,  
 Ris an do làbhair thu riamh facalain;  
 Nach d'thug bho'n cridhe gaol dhuit,  
 Sa dh'iarradh chaoidh riut dealachadh.

Bha do chridhe beò cho grádhach  
 As gun robh thu ghnath lasadh leis,  
 As cha do chóinnich neach an ait riut  
 Gun anail ghraidh bho d'anam dha.

'S ged làbhradh tu gu h-éudmhor  
 An cronachadh géur a pheacaidh dhaibh,  
 Bha grádh as dillseachd dáonan  
 Ga dhēanamh brìghmhor, taitneachail.

Cha choisneadh tu bhith an grùaim riut  
 Le teagasg chruaidh a làbhradh tu,  
 Oir dh' aithnichteadh gach uair ort,  
 Gur math an t-sluaigh bha an aire dhuit.

Chan e gu leir na sheirmte  
 San robh an èifeachd fhaicsinneach,  
 Ach cainnt as céum do bhéusain  
 Bhith le cheil ga'd mhaiseachadh.

'S nuair dh'fhag thu sluagh an ait sin,  
 Rinn le do ghradh an taruinn leat,  
 Bha am beag 's am mór ga do chaoidhsa  
 Nach fhaight' gu brath do shamhuilsa

Oir tha so dearbhte dhòmhsa,  
 Chunnaic am meas mór ghabh iad dhiot,  
 'S bha áobhar math gu leòir air  
 As deigh an òigfhear bharraichte.

Cha d'thigeadh dhomhsa dhearnad  
 An seòd bha cho curanta ;  
 Bitheam cuimhneachadh ri mo bheò  
 Air an fhéum fhuair bho eiseamplair

B'e an Crìosdaidh breagha, rianail  
 A leanntuinn cùrsa a mhaighstir,  
 Ri math na chuairt measg shluaghaibh  
 'S gach ait na ghluais sna d'fhuirich e

Bu mhath dhuinn na dheidhsan  
 Bhith leanntuinn a dheagh eiseamplair  
 Ag iarraidh gras bho neamh dhuinn  
 Sa fás airson na dachaidh sin.

'S nuair thig ar crìoch dhuinn  
 San t-saoghal so dhol dhachaidh as,  
 Gun gairmear suas le Dia sinn  
 Chum seilbh an t-sonais mhaireannich.

As deanamaid gu ciallach  
 Gach cothrom as gléus a ghàbhail uaith,  
 As gum beannaich E gach gnìomh dhuinn  
 A ta reir riaghailt-fhacalsan.

'S nach còir do mhuintir Shōai,  
 Bhith smuaineachadh air earailibh,  
 'S gun gàbhadh iad fìor eòlas  
 Air Crìosd beo nan anamaibh

As tric a thuirt e féin riu,  
 Gun robh e na fhìor eagal air,  
 Gum bu mhō bh'aca a spéis dha  
 Na Crìosd a Dhé a ghabhail bhuaith.

As mar gabh iad ri Fear-Sáoraidh  
 A bha gun dìth gan cuireadh thuig,  
 Is truagh a bhitheas an cáochladh  
 Nuair thig E rithist na bhrìtheamh orr.

'S nach gluais sibh a shlugh Shōai,  
 'S na strìthean mór a brúidhinn ribh,  
 Sam bas e féin cho fuaimneach  
 A bualadh aig ur dōrsanain.

Tha an t-am dhuibh bhith a dùsgadh  
 'S ag ùrnaigh ris na Fhlathannas  
 Gun doirteadh e nuas oirbh  
 A Spioradh buadhach, beannachaidh

Gun deanagh E ur tearnadh  
 As gum fásadh sibh nur pobul Dha ;  
 Mun sguir E buileach dhibhse  
 'S gum bith sibh chàidh an ifrinne.

O ! is iomadh neach a fhuair sibh  
 Bho Dhia chum bhith pilleadh ris,  
 'S mas ann nur n-ághaidh dh'éireas  
 O ! is truagh riamh gun do rugadh sibh.

Ach a teannadh ri codhunadh,  
 Bu dùrachd leam labhairt riu  
 Am beagan sluagh le Dia th'ann  
 Gum bitheadh iad dian nan achanaich,

Gun fhios gu de ni an Tighearn  
 Cho ìosal as ga bheil coltasain,  
 Gun d'thig E fhathast na thròcair  
 As gun d'thoir E bèo na peacaichibh ;

Oir tha e féin a gráitinn,  
 Gur fheárr leis bhith air shireadh leimn  
 As gun dean E nithean móra  
 'Reir teistas fhior-ghlan *fhocal dhuinn*.

A CHRIOCH.































